

APS. 1.85.154

Catechism on the Lord's Supper, in Gaelic.

LEABHAR-CHEIST

AIR

SUIPEIR AN TIGHEARNA,

AIR SON FEUM

OG LUCHD-COMANACHAIDH,

AGUS NA BUIDHNE 'S FAIDE AIR AN AGHAIDH
ANNS NA SGOILEAN SABAID.

LE FEAR-TEAGAISG SGOIL-SHABAID.

PAISLEY—ALEX. GARDNER;
EDINBURGH—MACLACHLAN, STEWART, & Co.
J. JOHNSTONE, AND OLIVER AND BOYD:
GLASGOW—W. COLLINS, D. MACVEAN,
AND G. GALLIE.

Price Three Halfpence

1845

National Library of Scotland



B000310611

L119
LEABHAR-CHEIST

AIR

SUIPEIR AN TIGHEARNĀ,

AIR SON FEUM

OG LUCHD-COMANACHAIDH,

AGUS NA BUIDHNE 'S FAIDE AIR AN AGHAIDH

ANNS NA SGOILEAN SABAID.

LE FEAR-TEAGAISG SGOIL-SHÀBAID.

PAISLEY—ALEX. GARDNER:

EDINBURGH—MACLACHLAN, STEWART, & Co.
J. JOHNSTONE, AND OLIVER AND BOYD:
GLASGOW—M. OGLE & SON, W. COLLINS,
D. MACVEAN, AND G. GALLIE.


MDCCXLV.

THE following Catechism has been compiled with the view of furnishing to the more advanced Classes of Sabbath Schools, young Communicants, and others, in a *cheap* form, a brief and comprehensive view of the doctrines and duties connected with the ordinance of the Lord's Supper.

A few of the Answers to the Questions are rather long for some young persons to be able to commit to memory. In such cases, it will be found a useful exercise for them to read over these Answers frequently, till they are able to repeat the *substance* of them, in their own words. .

A. G.

PAISLEY, MARCH, 1845.



LEABHAR-CHEIST

AIR

SUIPEIR AN TIGHEARNA.

1. Cò shuidhichì sàcramaid suipeir an Tighcarna?

F. Ar Tighearn' agus ar Slànuighcar Iosa Criosc, Mat. xxvi. 26—28.

2. An e Esan, agus Esan a mhàin, mar Mhae Dhé agus Ccann na h-Eaglais, aig am beil còir agus comas stéighcan suidhicht' aoraidh cràbhach a shònachadh?

F. Is e—agus uaith sin tha'n t-abstol Pòl a' teirm-easg a bhi "fo òrduighean—a' teagasg àitheantan dhaoine mar theagass," Col. ii. 20—22; Mat. xv. 9.

3. Cia cuid do na h-ainmean a th' air an gairm do'n t-suidheachadh so anns an sgriobtura?

F. Tha e air a ghairm an Comanachadh—am Breith-buidheachais—Cupan a' bhànachachaíd—Bòrd an Tighcarna—Suipeir an Tighcarna—agus a' Chuirm.

4. C'arson a tha'n Comanachadh air a ràdh ris?

F. A thaobh gur ann a tha er eidhich a' mealtainn le chéile co-chomann sochaircan na saorsa, 1 Cor. x. 16; agus mar an ceudna co'luadar gràsmhor agus companas ris an Athair, ris a' Mhae, agus ris an Spiorad Naomh, 1 Eoin i. 3; 1 Cor. x. 20, 21; Eoin xiv. 23.

5. C'arson a tha'm Breith-buidheachais air a ràdh ris?

F. Tha'm Breith-buidheachais air a' ghairm do'n òrdugh so, do bhrigh gu'n robh buidheachas air a' chleachdadhbh aig a' cheud shuidheachadh, agus a thaobh gu'm beil a choimhead 'na chothrom iomchuidh gu taing agus moladh a thoirt do Dlia airson a "thiodhlaic do-labhairt," Luc. xxii. 19; 1 Cor. xi. 24; 2 Cor. ix. 15.

6. C'arson a tha *Cùpan a' bheannachaidh* air a ràdh ris?

F. A thaobh gu'm beil am fìon anns a' chupan na shamhladh air fuil Chriosd; agus mar sin 'na ghcail no na chomharradhl air uile bheannachdan na slainte, 1 Cor. x. 16.

7. C'arson a tha *Bòrd an Tighearn'* air a ràdh ris?

F. Tha 'n t-ainm so air a ghairm dheth leis an abstol, a chum eadar-dhcalachadh a chur eadar c agus cuirmean iodhalach àraidh eile do'n goireadh e "bòrd nan deamhan," 1 Cor. x. 21.

8. C'arson a thicircar *Suipeir an Tighearna* ris?

F. Tha'n t-ainm so air a ghairm dheth, a thaobh gu'm b'e an *Tighearna* Criod a shuidhich e air tùs, agus a thaobh gu'm beilcar 'ga chumail mar chuimhnachan air-san, agus air fhulangasan; agus tha uile chùmhnantan Spioradail air an solar leis-san a mhàin, 1 Cor. xi. 20—26.

9. C'arson a theicear a' *Chuirm* ris?

F.. Tha *Chuirm* air a ràdh ris an déigh *séisd na càisge*, ni a b'e "uan gun ghaoid" a bha air ithcadh maille ri luibhcañ searbha agus aran neo-ghoirtichte, Ecs. xii.

10. An robh an "t-aran neo-ghoirtichte" 'na shamhladh air an fhonn inntinn anns an bu chòir fèisd na càisg' itheadh?

F. Bha—agus is ann air an dòigh cheudna tha sinn gu itheadh do Shuipcir an Tighcarna "le aran neo-ghoirtichte an *treibhdhireis* agus na *firinn*," 1 Cor. v. 8.

11. An robh an t-uan Càisge 'na shamhladh faisneachail air ar Tighearn' Iosa Criod?

F. Bha—agus is ann uaith sin a labhair Eoin Baistc—"Feuch Uan Dé a ta toirt air falbh peacaidh an t-saoghaill!" agus tha'n t-abstol ag ràdh—Criod ar n-uan Càisge air iobradh air ar son," Eoin i. 29; 1 Cor. v. 7.

12. C'arson a tha *sàcramaid* air a gairm 'do Shuipeir an Tighcarna?

F. Bha'm facal so o shean a' ciallachadh *bòid*, agus tha e coltach gu'n robh c air a ràdh ri Suipcir an Tighearn, a thaobh a'chùmhaint shiòlaimte fo'm beil sinn a' dol a chum a ghràdhachadh agus scirbhis a dheanamli dha 'nuair a chomhpàirtichcas sinn d'i.

13. Ciod a ta air a chiallachadh leis an fhacal *Sàcramaid*?

F. Tha e ciallachadh a nis, an dearbh ni a tha air a mhìneachadh ann an Leabhar Aithghearr nan Ceist—"Ordugh naomh air a shuidhcachadh Ic Criod, anns am beil Criod agus sochairean a' chìmhaint nuaidh air an taisbeannadh, air an seulachadh, agus air an cur ris na creidmhich le comharraibh faicsinneach.

14. Ciod a tha thu biallachadh Ic "comharraibh faicsinneach?"

F. Tha so a' ciallachadh ar an arain agus an fhìona (aig an t-Suipcir) a th'air a bhristeadh agus air a dhòrtadh a mach, agus a th'air a thoirt seachad agus air a ghabhlail: tha na nithe so a' ciallachadh comharraibh a tha samhlachadh pìthe spioradail.

15. C'arson a tha comharraibh *faicsinneach* air a ghairm dhiubh?

F. Chionn gu'm beil iad air a' mothachadh le'r ceud-faithcan corparra; agus mar so eadar-dhealaichte o òrduighean eile, mar tha searmonachadh, ni a ta gu soilleir a' labhairt r'ar tuigs' a mhàin.

16. Ciod is crìoch do na "comharraibh *faicsinneach*" so?

F. 'Se-chrioch mu'm bcilear a' cleachdadh nan "comharraibh faicsinneach" so chum aire dhùsgadh, agus drùghadh air a' chridhe agus air an tuigse tre nan ceud-faithean corparra, l Pead. iii. 21; Ròm. iv. 11.

17. Ciod an ni a th'air a chiallachadh liis a' "chùmhñanta nuadhl?"

F. Tha c ciallachadh cùmhñanta nan gràs, no'n suidheachadh diadhaidh sin cedar pcarsaibh fa leth na Diadhachd, ni liis am beil slàinte tre Chriosd air a tairgsc *gu saor* do na h-uilc, agus gu gràsmhor air a' tasgadh do'n aitcam a chrcideas annsan. Tha e air a ghairm "nuadhl," a chuni eadar-dhealachadh a chur eadar e-fein agus cùmhñanta nan gniomh, a bha'g iarraidh ùmhlaichd iomlan oirnn a chum 's gun gabhadh Dia lc 'dheadh-thoil ruinn, Gal. iii. 12—29.

18. Ciod a tha thu a' ciallachadh le "sochaircan" a' chùmhñajnte so?

F. Gach uile bheannachd a bhuiteas do shláintc —fàbhar Dhé a bhos air thalamh—agus glòir a mhicaltainn anns an t-saoghal nèamhaidh, Rom. viii. 28—39; 2 Cor. iv. 15—18.

19. Ciod am modh air am beil Criod agus na sochaircan so air an "taisbeanadh" ann an suipeir an Tighcarna?

F. Anns an t-suidheachadh so tha Mac Dhé air a thaisbeauadhl mar air a dheanamli 'na fhìoil, agus a chorpa mar air a bhristeadh, agus 'fhuil mar air a dòrtadh air "ar son-ne" agus air son mathanais ar pcacaidh. Air dhuinn mar so "bhi air ar deanamh reidh ri Dia tre bhàs a Mhic," tha sinn a' faotainn cuireadh gu itheadh agus òl aig a bhòrd, mar chomharradh air 'fhàbhar agus air a chàirdeas, Rom. v. 10; Luc. xxii. 19, 20, 30.

20. Ciod a th'air a chiallachadh lc Criod agus na sochairean so bhi air an "sculachadh" do chrcid-mhich?

F. Tha comhpàirteachadh lc creideamli do shuipeir an Tighcarna air a mheas mar a' daingneachadh creidimh pobuill Dé, agus a' sparradh firinn an t-

soisgeil ni's mò air an iùntinncean. Uimc sin, tha'n t-òrdugh air a shamhlachadh ri "seulachan" a ta air an ceangal ri banntaibh rioghail chum am fagail daingean agus an dlighe a dhearbhadh.

21. Ciod a tha thu a' ciallachadh le Criod agus slàinte bhi air an "cur ris" na creidmhich?

F. Ann an Suipeir an Tighearna tha Criod agus slàinte air an toirt dachaigh a dh'ionnsuidh a' chreid-mhich, a tha mar so air a ghairm, agus air a dhcanamh comasach le gràs, a chum an cur ris fein le creideamh gu pearsanta. Tha sinn gu léir a thaobh nàdair "truagh agus bochd, dall agus lomnochd;" agus ann an Suipcir an Tighearna 'nuair a choimhidcas sinn i le creideamh, tha'n ioc-shlaint cheart againn air a cur ruinn chum ar leigheas o na h-uile so, Rom. iv. 11; 1 Pead. iii. 21.

22. C'uin a shuidhich ar Tighearn' an t-òrdugh so?

F. Air an oidhch' iomraiticheadh sin air an deach a bhrath, 1 Cor. xi. 23.

23. Ciod a tha so a' teagastg dhuiinne?

F. Tha e taisbeanadh air mhodh drùighteach, gràdh agus truacantas an t-Slànuighir, a rinn air an uair bu truime a bhròn, cha n-e mhàin cuimhneachadh air a phobull, ach a chuir a leithid do shaoibhreas air leth air son an suaimhneis agus an comhfhurtachd anns gach linn, Marc xiv. 22—42.

24. Cia cho fad 's a tha e gu marsainn?

F. Tha e gu marsainn gu ath theachd Chriosd,—1 Cor. xi. 26. "Oir cia minig 's a dh' itheas sibh an t-arain so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadhlà bàis an Tighearna *gus an tig e.*"

25. Am bcil e mar fhiachaibh air Criod-suidhcan an t-òrdugh so a choimhead?

F. Tha'n t-òrdugh so a choimhead, gu soiller air iarraidh leis an t-Slànuighear, "Deanaibh so mar chuimhncachan ormsa," Luc. xxii. 19. Uimc sin tha

e mar fliachaibh oirnn an àithne so a chumail cho math ri aon eile. Os barr, 's i an àithne bhàis agus dlieireannach a bha'n dlù-dhàimh r'ar *cuimhneachan* air-san, agus air fhulangas agus air a'bhàs a dh'fhuiling e air ar son-ne: nochdadh c uime sin cion spéis agus mi-thaingealachd ann an aon do a dheisciobuil, dearmad a dheanamh air a chumail, Eoin xv. 10, 14.

26. Am beil aobhair sam bith eile mu'm bu choir dhuinn an t-òrdugh so a choimhcad?

F. Tha; tha e 'na dhòigh ro iomchuidh air ar gràdh do'n t-Slànuighear a chur an céill, ar creid-eamh árnasan maille ri ar spéis d'a aobhar agus d'a phobull.—Is e an aon dòigh àraid air cumail suas cuimhne air Criod air a' cheusadh 'san t-saoghal, agus prìomh theagascg an t-soisgeil a chumail do glinàth air chuimhnc; agus tha e 'na mheadhon sòn-raichte air ar "fàs ann an gràs" a chur air aghaidh; agus ar comhfhurtachd agus ar dearbhachd air gràdh Dè do'r taobh a mheudachadh, Marc viii. 38; Seumas iv. 8; Gniomh. ii. 42—47.

27. Ciod an scalladh as sgriobturaile is còir dhuinn a ghabhail air nadur agus crìoch an òrduigh so?

F. 'Se'n sealladh as reusanta agus as sgriobturaile anns am faodar amharc air—gu'm bcil e air a shònachadh gu prìomh fhìrinnean an teagaisg Chriosdail a thaisbeannadh gu follaiseach, an eòlas a chumail an gnàth-chuimhne, agus an daingneachadh; agus leis a sin gu'm bi lcas spioradail na h-aiteam a choimhideas e gu h-iomchuidh air a chur air aghaidh; am feadh, air an taobh-san, a tha e dìsgadh aimheil shòlaimte air staid inntinn a tha co'-chòrdadh ris na firinnean so.

28. Nach e àrd chrioch an òrduigh so *bàs an Tigh-earna* chumail air chuimhne gus an tig e?

F. 'S e; ach cha n-cil bàs Chriosd 'na firinn a tha scasamh na h-aonar—Tha uile fhìrinnean mòra sòn-raicht' an t-Soisgeil a' toirt dearbhachd air; agus

uimc sin, 'se'n aon chrioch mhòr do Shuipeir an Tighearna, cha n-e mhàin "Crìosd, agus csan air a clicusadh" a nochdadadh, ach cuibhrionn do na teag-asgan as soilleire tha'n dàimh ris, 1 Cor. i. 18, 24, 30; ii. 2.

29. An e taisbeanadh na firinn Chriosdail an aon chrioch àraid a tha suidheachadh suipeir an Tighearna gu chur air aghaidh?

F. Cha n-c;—Is c mhàin na *meadhonan* gu toirt mu'n cuairt na crìche a shònraigheadh—'sc sin ri ràdh, math spioradail na h-eaglais, no pobuill Dé, 1 Cor. iii. 21—23.

30. An i firinn—air a taisbeannadh le briathraibh no lc comharraibh—am meadhon a ghnàthaich Spiorad Dé clum eòlas a shluagh chreidmhich a chur air aghaidh?

F. 'Si—"Naomhaich iad troimh an flìrinn: 'is e t'fhacal-sa an fhìrinn, Eoin xvii. 17.

31. Co iad ma ta cuid do na firinn can as àraidh a tha thu tuigsinn a bli air an gabhail a stigh anns an òrdugh sò?

F. 1. Mac Dhé a bli air tighinn 'san fheòil.—2. Cinnteachd 'fhlangais agus a' bhàis.—3. Nàdur a bhàis chruaidh a dh'fhuling e.—4. Gu'n do bhàsaich e gu toileach.—5. Gu'm b'ann an àite muinntir eile bhàsaich e.—6. Gu'u robh a bhàs ag iocadh iobairt réitich air son na rinn iad do pheacadh.—7. Gu'n robh cumhnanta nan gràs air a dhaingncachadh leis.—8. Gu'm beil Criod agus slàintc gu saor air an tairgse dhuinn.—9. Gu'm beil Criod 'na fhlangas air a chur na eisempleir dhuinn.—10. Gràs agus tròcair Dhé.—11. Ceartas agus naomhachd Dhé.—12. Gràdh, tròcair agus irioslachd Chriosd.—13. Nàdur truaillidh agus aingidh a' pheacaidh.—14. Ar staid thruaillidh pheacach thaobh nàduir.—15. Ar teasraiginn o staid ciont agus dìtidh, agus ar n-

aiseag gu fàbhar Dhé.—16. Ar n-aonadh ri Criod.—17. Ar comhpàirteachadh le chéile do bheanncaichd-an na slàinte, agus ar n-aonadh ri chéile ann an Criod.—18. Nàdur a' chreideimh, agus ar feum air, mar ni nach gabh seachnad.

32. Am beil thu tuigsinn nach e mhàin gu'm beil na fìrinnean so sgriobturail, ach air an gabhail a stigh agus air an taisbeanadh ann an suipeir an Tighearna? F. 'Tha.

33. Cia mar tha teagasg Chriosd *anns an fheòil* air fhoillscaeihadh innse?

F. Tha Criod ag ràdh mu'n aran, "Is e so mo *chorp*," agus mu'n chupan "Is i so m' *fhuil*." Tha so a' nochdadadh gu soilleir gu'n do ghabh Criod an daonnaehd g'a ionnsuidh fèin, gu'n do "rinneadh am focal 'na fliedh, agus gu'n do ghabh e còmhnuidh 'n-ar measg-ne—"Is mòr rùn-diouhair na diadhachd : dh' fhoillsicheadh Dia 'san fheòil," Eoin i. 14; 1 Tim. iii. 16.

34. Cia mar a tha dearkhachd a bhàis air a thais-beanadh?

F. Thuirt Criod mu'n aran bhriste "Is e so mo *chorp-sa*," agus mu'n chupan "Is i so m' *fhuil-sa* air a dòrtadh air bhur son," agus uime sin 's i àrd chrioch mhòr an òrduigh so, "bàs an Tighearn fhoillscachadh gus an tig e," I Cor. xi. 24—26.

35. Cia mar tha nàdur cruaidh a bhàis air fhoillscaeihadh?

F. Tha so air fhoillseachadh anns an aran bhriste, agus anns an fhòn dhòirte, a tha samhlachadh *corp briste* agus fuil *dhòirte* an t-Slànuighir—tha so a' cur an céill nach do bhàsaich c mar their sinn bàs nàdurr'a.

36. Cia mar tha thu faicinn gu'n do ghéill Criod gu toileach do'n bhàs?

F. Faodaidh sinn fhaicinn uaithe so: anns an òr-

dugh, tha Criosd féin air a nochdadhbh dhuinn a' *glacadh* an arain, 'ga bhristeadh, agus 'ga thoirt maille ris a' chupan d'a dheiseobluibh; agus tha e air a dhaingneachadh leis an ni a thuirt e-féin ris na h-Iudhaich, "Cha n-eil neach air bith 'ga thoirt uam, aeh a ta mi 'ga leigcadh sìos uam féin," Eoin x. 18.

37. Ciod a th' air a chiallachadh le Criosd a bhàschadh an àite an t-sluaigh?

F. Tha e ciallaehadh, Criosd a dh'fhuslang agus a bhàsachadh mar cheann eùmhnhanta 'phobuill,—air an aon doigh ri Adhamh, (a bha uime sin air a ghairm "samhladh an Tì ud a bha ri teachd," Rom. v. 14.) bu cheann eùmhnhanta d'a uile ghinealaeh.

38. Cia mar a ta e air fhoillseachadh gu'n dh'fhuiling Criosd ann an àite pheacach?

F. Tha e soilleir o na briathran a labhair e-féin an àm dha bhi suidheachadh na Suipearach, "Is e so mo chorp-sa a bhristeadh air *bhur son-sa*." Ni's faide, tha e 'g ràdh mu'n chupan, "Is i so m' fhuil-sa an *Tiomnaidh Nuaidh*." Agus ann an Eabh. vii. 22.—tha e air a ghairm "urras air eoimheheangal a's fearr." Agus ann an seadh an sgriobtuir tha 'm facal urras, a' ciallaehadh fear a ghabhas os làimh fiachan fir eile a phàigheadh, no fulang 'na àite. Mar so chaidh Iudah an urras air Iacob air son tearuinnteachd Bheniamin agus thairg e bhi 'na fhear-naisgte 'na ionad, Gen. xliv. 32, 33; Philemon, rann 18, 19.

39. Ciod a th'air a chiallachadh le bàs Chriosd a bhi *dubhadh a mach pheacanna*?

F. Tha e ciallaehadh gu'n do ghiùlain Criosd *dioghaltas* ar peacanna gu h-iomlan, 'na fhuolangas—agus gu'n robh a bhàs da rireadh 'na ìobairt réitieh.

40. Am beil an teagast so air a chur an céill anns an t-Suipeir?

F. Tha: Mat. xxvi. 28. "Is i so m' huil-sa an tiomnidh nuaidh, a dhoirtear air son mhòran chum math-anais pheacanna."

41. Am beil i 'na firinii a tha gu tric air a teagasg 'san sgriobturi?

F. Tha: "Lotadh e air son ar peacadh-ne, bhruthadh e air son ar *n-aingidheachdan*,—leag an Tighearn airson aingidheachd gaeh aoin dinn—air son *eusaontais* mo shluaigh-sa bha e air a throm-bhualadh—Oir giùlainidh e an euceartan—*Ghiùlain e peacadh mhòrain*, agus rinn e eadar-ghuidhe air son nan eiontach," Isa. liii. 5—12. "Ghràdhhaich Criod-sinn agus thug se e-féin air ar son, 'na thabhartas agus 'na iobairt do Dhia," Eph. v. 2. "Oir a ta Criod ar *n-uam* èaisge air iobradh air ar son," 1 Cor. v. 7. "Oir dh' fhuiling Criod fein aon uair air son pheacanna, am firean air son nan neo-fhìrean," 1 Pead. iii. 18. "Fhuair Criod bàs air son ar peacanna a réir nan sgriobturi," 1 Cor. xv. 3.

42. Am beil e 'na theagasg beò agus seasmhaeli a measg Chriosduidhean?

F. Tha: agus uaithe so thuirt Pòl, "Aeh nar leigeadh Dia gu'n deanainn-sa uaill' aeh ann an erann-eusaith ar Tighearna Iosa Criod," Gal. vi. 14; Phil. iii, 8, 9.

43. Am beil e soilleir gu'm beil "aon iobairt" Chriosd air a gabhail le Dia, mar dhìoladh *iomlan* air son pheacanna nan uile ehreidmheaeli?

F. Tha—faodaidh so a bhi air a thuiginn o ehir-eadh a bhi air a thoirt do ehiridmhiel itheadh agus òl aig "bòrd an Tighearna" mar ehomharradh air sìth agus réite—agus tha e gu soilleir air a ehir an eéill leis an abstol, "Oir le aon iobairt rinn e ehaoidh *foirfe* iadsan a ta air an naomhachadh," Eabhl. x. 12—14.

44. Ma ghabh Dia ri "aon iobairt" Chriosd mar

ìobairt réitich iomlan air son uile plicacanna a shluaign, nach eil sin a' toirmcasg ìobairt sam bith eile a thairgse do Dhia air son dubhadh a mach pheacanna?

F. Tha—tha na h-uile oidheirp do'n t-seòrsa sin gu soilleir a' dcanamh tarcuis air iomlanachd "aon ìobairt" Chriosd; tha iad mar an ceudna a' toirt o 'mhòrghalachd agus o 'òirdheirceas mar an "t-àrd Shagart mòr a chaidh a stach do na nècamhaibh," Eabh. iv. 14; vii. 27.

45. Am beil sinn gu amharc air gnàth-fhritheachadh Suipcir an Tighearna mar thabhiartasiobairteach do Dhia?

F. Cha n-eil—tha c mhàin 'na *chuimhneachan* air Criod agus a bhàs inar réite air ar son-nc—"Deanaibh so, cia minig 's a dh' òlas sibh e, mar *chuimhneachan ormsa*," 1 Cor. xi. 25, 26.

46. Cia mar a thachair gu'm beil uircad dó bhuaidh agus do dh' éifeachd ann an "aon ìobairt" Chriosd, is gu'm beil i 'na h-ìobairt réitich uil'-fhoghainteach air son pheacanna an t-saoghal?

F. Do blàrigh gur esan *Mac Dhé* cho math ri Mac an duine—thug òirdheirceas neo-choitchionn a nàduir dhiadhaidh an fhiùghalachd agus an luach so do na dh' fhuling e 'na nàdur daonna, Eabli. vii. 25—28.

47. An robh e fcumail gu'm biodh Criod araon 'na Dhia agus 'na dhuine chum gu'm biodh a bhàs 'na eirig dhiongmholt' air son ar peacaidh-ne?

F. Bha,—bla e uil'-iomchuidh agus ceart gu'm fuilingeadh an dearbh nàdur sin a pheaceaich; ach a dh' casbhuidh aonaidh ris an nàdur dhiadhaidh, bliodh 'fhlàngasan gun tairblie sam bith. "Uime sin b' fheumail da amns na h-UILE NITHIBH bhi air a dheanamh cosmhuil r'a bhràithribh, chum gum bòdh. e 'na àrd-shagart tròcaireach agus dileas, ann an

nithibh a thaoblì Dlié, chum réite dhicanamh *air son pheacanna* an t-sluaigh," Eabh. ii. 17.

48. Cionnas a tha e soilleir gun robh cùmhñanta nan gràs air a dhaingneachadh le bàs Chriosd?

F. Tha so soilleir o bhriathran fein, "Is e an cupan so an *tioinnadh nuadh*, (no an Cùmhñant nuadhl) ann *am fhuil-sa*,"—'Sc sin, tha mo bhàs-sa a' co-lionadh cumha a' chùmhñaint nuaidh—agus uime sin tha na h-uile beannachd a bh'air an gealltuinn ann a nis cinnteach—"oir gcallanna Dhé uile ann-san is seadh iad, agus ann-san is Amcn iad," Mat xxvi. 28; Luc. xxii. 20; 2 Cor. i. 20.

49. Cia mar tha saor *iobairt* no tiodhlac Chriosd agus slàinte air a thaisbeañadh anns an òrdugh so?

F. Tha so gu mòr air a thaisbeanadh anns a' mhodlì air an *tug* Chriosd an t-aran agus am fìon da dheisciobuil, ag ràdh;—"Gabhaibh, ithibh—ðlaibh uile dheth." Mar so thairg Chriosd e-féin gu saor d'a phobull. Is e co dhiùbh tiodhlac an Athar, "Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n tug e 'aon-ghin Mhic féin, chum as gc b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, acli gu'm bi a' bheatha shiorruidh aigc." Mat. xxvi. 26, 27; Eoin iii. 16.

50. Cionnas a tha e air fhoillseachadh gu'n do chuir Chriosd le 'fhalangas *eisampleir* romhainn?

F. Tha e gu soilleir air a dhcarbhadh anns an Sgriobtur, nach e mhàin gu'n d'rinn Chriosd 'na bhàsachadh réite air son ar peacanna, ach gu'n do chuir e *eisampleir* fa'r comhair, fulang air son *muinntir eile*; agus mar an ceudna, an dòigh air an còir dhuinn fulangasan do gach gnè a *ghiùlan*—"Le so is aithne dliuinn gràdh Dhé, do bhrìgh gu'n do chuir e sìos 'anam féin air ar son-ne: agus is còir dhuinne ar n-anama féin a chur sìos air son nam braithrc," 1 Eoin iii. 16. "Oir is ann a dh'ionnsuidh so a ghairmeadh sibh: do bhrìgh gu'n d'fhuil-

ing Criod mar an ecudna air bhur son, a' fagail eisemleir agaibh, chuni gu leanadh sibh a cheum-anna," I Pead. ii. 21.

51. Cia mar tha *gràdh* agus *tròcair* Dhic air am foillseachadh anns an òrdugh so?

F. Ann an suipeir an Tighearna, tha sinn gu bàs an Tighearna "fhoillseachadh gus an tig e;" ach cha n-urrainn sinn so a' dheanamh gu ceart, mur cuimhnich sinn gur'e Criod "tiodhlac do-labhairt" an Athar; agus gu'n "d' rinn e esan 'na iobairt-pheacaidh air ar son-ne," agus "gu'n tug e thairis e air ar son-ne uile." "An so a ta gràdh, cha n-e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac fein gu bhi 'na iobairt-réitich air son ar peacanna," I Eoin iv. 10; Rom. viii. 32; 2 Cor. v. 21; Eoin iii. 16.

52. Cia mar a ta *ceartas* agus *naomhachd* Dhé air am foillscachadh?

F. Ann am bàs Chriosd, ni a ta 'n t-òrdugh so a' cumail air chuimhne, tha sinn a' faicinn nach eil Dia a' "caomhna 'Mhic fèin," ach gu'm beil e a' togail làn dioladh ar peacanna, eadhon o Mhac a ghràidh. Bha 'naomhachd agus a' chcartas mar so gu soilleir air am foillseachadh—bha a lagh naomh' air "àrdachadh agus air a dheanamh urramach"—bha iarrtas a chruaidh cheartais air a làn fhreagradh—agus aithris an sgriobtuir air a dhearbhadh 'na fhìrinn, "as eugmhais dòrtaidh fala cha n-cil mathanas r'a fhaotainn," Eabh. ix. 22; x. 4—12; Rom. viii. 32; 1 Cor. xi. 26; Isa. xlvi. 21.

53. Cia mar a ta *gràdh* agus *irioslachd* Chriosd air am foillseachadh?

F. Tha so gu soilleir r'a fhaicinn ann an gabhaile ar nadur-nc d'a ionnsuidh fèin—ann ar cùis a ghabhail os laimh, agus e ghàilleadh do phiantan uamhiasach, agus do bhàs maslach, air son ar slàinte—agus

eadhon ann an snidheachadh an òrduigh so fèin
 "anns an oidhche an do blàrathadh e," Eoin xv.
 13; Rom. v. 6—8.

54. Cia mar tha *nàdur* trnaillidh agus aingidh a' pheacaidh air fhoillseachadh?

F. Tha 'dhröch nàdur air fhaicinn ann an so, gu'n tug e air Mac Dhé a leithid do mhasladh agus do phian fhulang a chum ðìoladh a thoirt ann, 1 Eoin i. 7; Gniomh. iv. 12; 1 Tim. ii. 5, 6.

55. Cia mar a tha *ar gnàths* peacach agus truaillidh a thaobh nàduir air fhoillseachadhl?

F. Tha so air fhoillseachadhl anns an aobhar inu'm beil an t-Suipeir air a gabhail, nach b'urrainnt aon ni bu lugha na fulangas agus bàs Mhic Dhié ar ciont a dhìoladh—"Is e so mo chorp-sa, a ta air a *bhrist-eadh*," agus "m'fhuil-sa a dhòirteadh air bhur son-sa," 1 Cor. xi. 24; Eabh. ix. 22; x. 4.

56. Cia mar tha *ar teasaiginn* bho staid ciont agus dìtidh, agus ar n-aiseag gu fabhar Dhé, air am foillseachadh anns an òrdugh so?

F. Tha na nithe so air am foillseachadhl ann an cead' a bhi againn teachd gu bòrd an Tighearna, agus ann ar comhpàirteachadh ann an sin do chomh-arraibh 'fhiàbhair agus a réite, Rom. v. 10; viii. 1; 1 Tes. i. 10; 1 Eoin i. 7.

57. Cia mar tha *ár n-aonadh* ri Criodl air fhoillseachadh?

F. Tha sin air fhoillseachadhl ann ar *comhpàirt-eachadh* do shamhlaidhean a' chuirp agus 'fhalà, agus tha sinn mar sin tre chreidcamh air ar n-aonadhlis,—Eoin vi. 56. "Esan a dh'itheas m' fheòil-sa agus a dh'òlas m' fhuil-sa, tha e gabhail còmhnuidh annam-sa agus mise annsan."

58. Cia mar tha *ar n-aonadh* agus ar *co-chomunn ri cùch a chéile* air 'fhoillseachadhl?

F. Tha iad air am foillseachadh ann am briathran an Abstoil—1 Cor. x. 16, 17, "Cìpan a' bliennach-

aidh a ta sinne a' bcannachiadh, nach e comunn fala Chriosd e? An t-aran a ta sinn a' bristeadh, nach e comunn cuirp Chriosd e? Oir ged tha sinne 'n-ar mòran, is aon aran, agus aon chorp sinn: oir a ta againn uile comhpairt do'n aon aran."

59. Cia mar tha *nàdur* agus *feumalachd* a' chrcid-imh air fhoillseachadh?

F. Tha 'nàdur air fhoillseachadh, 'nuair a tha sinn a' comhpàirteachadh do shamhlaidhean cuirp agus fala Chriosd, ni a tha ciallachadh gu'm beil sinn a' beathachadh air *creidimh* annsan. Tha 'fheumalachd air a thaisbeanadh anns an fhoillseachadh so air a nàdur; agus is ann ùaithè sin a thuirt Criod ris na h-Iudhaich, "Mur ith sibh feòil Mhic an duine, agus mur òl sibh 'fhuil, cha n-eil beatha agaibh annaibh," Eoin vi. 53.

60. Am beil ar giùlan, an àm dhuinn a bhi comhpàirteachadh do chomharraibh na Sacrahanid, a' dearbhadh gu'm beil sinn 'san uair sin a' gnàthachadh *creidimh* ann an Iosa Criod?

F. Tha—air an dòigh so tha sinn gu bhi *beathachadh* air Criod, "cian-ann air mhodh corparrá agus feòlmhor, ach tre *chreidimh*," agus mar sin tha sinn air ar deanamh 'n-ar "luchd-comhpàirt dhethisan agus do 'uile shochairean, chum ar beathachaidh spioradail, agus ar fàs ann an gràs," 1 Cor. xi. 23—26; 1 Cor. x. 16; Eoin vi. 55—58.

61. Am beil *creidimh* air a nochdadhl anns an sgriobtura mar ni as eugmhais nach urrainn sinn slainte no fabhar Dhé fhaighinn?

F. Tha—"As eugmhais creidimh cha n-eil e'n comas a thoileachadh," Eabh. xi. 6. "An tì a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mhaircannach aige; ach an tì nach eil a' ercidsinn anns a' Mhac, cha n-fhaic e beatha; ach a ta fcarg Dhé a' gabhall còmhnuidh air," Eoin iii. 36.

62. Cia mar tha suipeir an Tighearn' ionichuidh chum priomh fhìrinnean an tcagaaisg Chriosdail a chumail air *ghnàth chuimhne*?

F. Mar tha'n t-òrdugh gu bhi do ghnàth air a choimhead *gu ath theachd Chriosd*; agus 'nuair tha e air a ghnàthachadh 'na bhrigh agus 'na shimplidh-eachd spioradail, mar a tha e 'gabhair a' steach ann fein foillseachadh air priomh thcagasan an t-soisgeil, tha e soilleir gu'm beil e làn ionichuidh chum an t-eòlas sin a chumail air chuimhne mhaireannach, gu deireadh an t-saoghail.

63. Am bcil é 'na ni fcumail bàs an Tighearna chumail air ghnàth chuimhne?

F. Tha—tha sith agus comlifhurtachd agus fas naomhachd chreidmhreach, cho math ri slàinte an t-saoghail gu léir, an dlù-dhàimh ris a' chuimhneachan só, agus ri foillseachadh bàis agus lobairt Chriosd, Gniomh, iv. 12; x. 42, 43; 1 Tim. ii. 5, 6; Rom. x. 14—17.

64. Am beil an dearbh-fhirinn gur h-c Criod a shuidhich au t-òrdugh so, a' gabhair a stigh gu'm beil a phlobull ro ullamh gu e-féin agus na rinn e air an son a dhcarmad?

F. Tha—tha fuigheal a' pheacaidh an taobh a steach dhiubh, agus cumhachd an t-saoghail mu'n cuairt doibh, 'gan deanamh ro bhualteach gu Criod a dhì-chuimhneachadh, agus gu thoirt air an "gràdh fàs fuar," Mat. xxiv. 12; Salm lxxviii. 11; evi. 13, 21; Marc iv. 19; Luc. viii. 14; xxi. 34; Gniomh. xx. 30.

65. Am béal na samhlaidhean a thatar a' gnàthachadh ann an Suipeir an Tighearna gu bhi air an gabhair mar sheulaichean, no chomharraibh?

F. Tha—mar bha'n Timchioll-ghearradh 'na chomharradh do dh'Abraham air a' choimhcheangal a rinn Dia ris, agus uaithe sin tha e air a ghairm.

"seula fircantachlid a' chreidimh a bha aige 'san neo-thimchioll-glearradh," Rom. iv. 11.

66. Cia mar tha suipeir an Tighearna air a deanamh iomchuidli chum creideamh nan crclidmheach a "sheulachadh" no dhaingneachadh?

F. Chionn gu'm beil an "fhuil" lcis an deach cùmhnant nan gràs a *dhaingneachadh* agus uile bheannachdan a *dheanamh cinnteach* do'n chreidmheach, air a nochdadhl innse. Os barr, tha e neo-chomasach an t-òrdugh a choimhead gu ceart, agus na firinncean beothaclaiddh anama tha air an leigeil ris ann a thoirt gu buil, as cugmhais drùghadh a bhi air a *dheanamh oirnn* le dearbhadh air am firinn agus air an cudthrom, Mat. xxvi. 26, 28; Eoin viii. 32,

67. Am beil ni sòlaimte àraidh sam bith ècangailte ris an òrdugh so?

F. Tha; cha n-eil uibhir do Dhia air fhoillseachadh ann an suidhcachadh sam bith eile—ann an suidheachachadh sam bith eile cha n-eil uibhir d'a 'fhoirfeachd mhodhanail air fhoillscachadh air sheòl cho sòlaimte agus cho crì-dhrùighteach—ann an suidheachadh sam bith eile, cha n-eil sinn air ar ceadachadh tighinn cho dlù do Dhia le cead suidhe aig a bhòrd, agus comharraibh air 'fhàbhar a ghlacadh ann ar làmhan: Agus do réir's mar tha'n t-òrdugh air a *dheanamh sònraichtè* lcis na nithe àraid so, bu chòir cuid do smaointeán a bhi air am mothachadh do réir sin an àm a bhi 'ga choimhead, Ecs. iii. 5; Lebh. x. 3; 1 Eachd. xiii. 9, 10; Mat. xxii. 11—13; 1 Cor. xi. 27, 29; Eabh. x. 29.

68. Am beil e soilcier gu'm beil cionta ro antromaclí a' tuiteam orra-san a ghabhas suipeir an Tighearna ann an staid neo-chùramach agus mhi-ionchuidli inntinn?

F. Tha—iadsan a ni sin, tha iad "ciontachli do chorp agus do dh'fhuil an Tighearna," 1 Cor. xi. 27.

69. Ciod a th' air a' chiallachadh le bhi "cointach do chorp agus do dh'fhuil an Tighearna?"

F. Tha e soillcir gu'm beil e gabhail a stigh ciont a bhi deanamh tarcais, no bhi cur bàis agus iobairt Chriosd ann an neo-shuim; ach ged tha chionta so do ghnàth ro antromaichte thaobh nàduir, faodaidh i bhi co-sheasamh ann an caochiladh inbhean do pheacadh.

70. Am beil Suipeir an Tighearna gu bhi 'na foillseachadh *follaiseach* air fìrinnean urramach an t-soisgeil?

F. Tha—tha sin soilleir o'na briathran so "Tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna;" agus do réir sin, tha sinn gu "tighinn an ccann a cheile" chum "suipeir an Tighearna itheadh," 1 Cor. xi. 20, 26, 33; Gniomh. xx. 7.

71. Am beil e air ainm cachadh gu soillcir anns an Sgriobtuir cia cho *tric* 's bu chòir suipeir an Tighearn' a ghabhail?

F. Cha n-eil, ach do bhrìgh a nàduir agus a' chìoch mu'm beil i, faodaidh sinn gu ceart a cho-dhùnadh gu'm bu chòir a gabhail gu *minig*—'S e'n t-òrdugh so a choimhead gu ceart co dhiùbh, a' cheud phong chudthromach bu chòir a' thoirt fa'near, 1 Cor. xi. 26—28.

72. Ciad an *aidmheil* shònraichte tha comhpàirt-eachadh do shuipeir an Tighearna gabhail a stigh?

F. Tha i gabhail a stigh aidmheil shòlaimte, air taobh an luchd-comanachaидh, do staid inntinu a' co-chòrdadh ris na fìrinnean a tha air am foillseachadh anns an òrdugh; oir ann tha Chriosd air a shamhlachadh mar 'ga thraigse fein agus slàinte d'a phobull; agus tha iadsan le'n gnàthachadh a cur an céill gu follaiseach gu'm beil iad a' gabhail ris "mar an slainte, agus an uile mhiann," 2 Sam. xxiii. 5; Scumas iv. 8; Tais. iii. 20.

73. Ciod anns am beil ma ta suidheachadh iomhuidh air staid inntinn ehum suipeir an Tigcarn a choimhead gu cubhaidh agus ceart a' co-sheasamh?

F. Tha earbsa le irioslachd ann an tròcair Dhé, gu h-iomlan a thaobh obair iobairt réitich Chriosd,—le sealladh aithreachais air ar giùlan agus ar cùl-sleamhnachadh féin,—le mothachadh taingeil agus cràbhach air gràdh, tròcair, naomhachd, agus ceart-as Dé, mar tha iad air an nochdadhl ann ar Slànuighcar a theachd 'san fheòil, 'na fhulangasan, agus 'na bhàs:—agus le mothachadh air teas-ghradh do Dhia agus deadh rùn do na h-uile tha giùlan 'iomhaigh; agus truacantas ris a' clinne-daonna gu léir, Eabh. xi. 6; Isa. lvii. 15; Mat. xxii. 37—39.

74. Nach e iadsan "a ghràdhhaicheas an Tigcarna Iosa Chriosd ann am firinn," agus a chuireas an uile dliòchas annsan agus 'na fhireantachd airson slainte, a tha iomchuidh agus aig am beil còir air compàirtcachadh do shuipeir an Tighearna?

F. Is iad: tha sin soilleir o nàdur an òrduigh féin, agus o'n aidmheil a tha 'choimhead a' gabhair a steach; agus uaithe sin thuirt an t-abstol, "Ge be neach a dh'itheas an t-aran so, agus a dhòlas an cupan so an Tighearna gu neo-ionchuidh, bithidh e ciontaeh do chorp agus do dh'fhuil an Tighearn," 1 Cor. xi. 27.

75. Am beil na nithe sin a' taisbeanadh nach eil an t-òrdugh so do nàdur *iompachaidh*, ach gur ann a tha e ehim iadsan a ta *cheana* air an iompachadh gu Dia, a thogail suas agus a dhaingneachadh 's a' chreideamh?

F. Tha, 1 Cor. xi. 27—32.

76. An e an CEUD dleasanais, uime sin, a tha air iarraidh air nah-uile a rùnaichcas comhpàirteachadh do Suipeir an Tighearna, fhaicinn gu'm beil iad 'nan cairdean agus 'nan luehd-leanmhuinn Iosa.

F. 'Se gu'n teagamh sam bith—cha n-urrainn neach sam bith eile a blii ann am fonn inntinn, a réir nam firinnean a th' air an taisbeanadh anns an tsuidheachadh so—cha dean gach neach eile ach a mhi-naomhachadh, agus mar sin, "a bhi 'g itheadh agus ag òl breitheanais doibh féin," 1 Cor. xi. 29.

77. Nach faod eadhon *fior* chreidmhich tuitcam ann an cionta tighinn dlù do Dhia gu *neo-iomchuidh* anns an òrdugh so?

F. Faodaidh—tha e soilleir gu'n robh mòran do na Corintianaich ciontach mar sin—le gabhail do sluipeir an Tighearna mar bhiadh coitchionn, "gu'n a bhi deanamh aithne air corp an Tighearna." Air an aobhar sin, bha iad air am fiosrachadh le smachdachadh geur, 1 Cor. xi. 27—32.

78. Am bcil e soilleir uaithe sin, gu'm beil cuid do *dh'ulluchadh* iomchuidh, chum 's gu'n coimhead sinn e gu h-eòlach, buannachdail?

F. Tha.

79. Ciod an gnè ulluchaidh a ta iomchuidh chum na crìche sin?

F. 'Se'n t-ulluchadh a ta iomchuidh chum na crìche sin, gu'm feum drùghadh iomchuidh a bhi air a dhcanamh air an inntinn agus air a' chridhe leis an fhàrrinn, agus leis an teagasg a ta air a nochdadhl ann; oir tha e soilleir gur ann do réir is mar ruigeas sinn an staid inntinn so, a bhios ar n-iomchuidheachd, ar buannachd agus ar n' aoibhneas trìd a choimhead.

80. Cia mar a ruigeas sinn air an staid inntinn so?

F. Faodaidh iomadh meadhon a bhi air an gnàthachadh chum na crìche sin; ach tha sinn gu chumail air chuimhne, *as eugmhais beannachd Dhé, teagasg agus seòladh a spioraid*, gu'm bi gach uile mheadhon gun tairbhe sam bith, Gnà. xvi. 1; Ier. x. 23.

81. Cia iad cuid do na meadhonan a dh'fhaodas a blii air an gnàthachadh chum na crìche sin, l-

dòchas iriosal agus cràbhaeh a chur ann an Spiorad Dhé?

F. Féin-eheasnaehadh, beachd-smuainteachadh, leughadh nan sgriobturan agus ùrnuigh.

82. Ciod bu ehòir dhuinn *a ghuidhe* air Dia ann an ùrnuigh le rùn gu'n eoimhideal dhinn an t-òrdugh so?

F. Bu ehòir dhuinn riaghiladh agus seòladh an Spioraid Naoimh iarraidh gu sònraichte anns gach ceum do'n ehùis so; agus gu'm biodh ar n-inntinnean gu slàinteil air an soillseaeahadh ann an eòlas na firinn; ehum gu'm bi ar ereideamh air a dhaingneaeahadh; ar gràdh agus ar taingealaehd air an lasadh, agus ar n-aithreacaha's ni's truime; gu'm bi ar beachdan agus ar rùintean air an naomhaeahadh, agus drùghadh iomehuidh air a dheanamh air ar eridhe le nàdur, sòlaimteaehd, agus eudthrom an dleasanais a tha sinn a' cur romhainn a dheanamh. Bu chòir dhuinn mar an ecudna guidhe as leth ar braithrean Criodail, agus gu sònraiehte iadsan a ta chum aran na beatha bhristeadh dhuinn, Lue. xviii. 1; Rom. xii. 12; Eph. vi. 18; Col. iv. 2; 1 Tes. v. 17; 2 Tes. iii. 1; 1 Tim. ii. 8.

83. Ciod am feum a th'anns na *Sgriobturan* mar mheadhonan ehum ulluchaiddh air son suipeir an Tighearna?

F. Tha e ro shoilleir gu'm beil leughadh nan Sgriobturan gu dìchiollaeh, eràbhaeh ann an uaigheas — no'n eluinntinn air am mineachadh ann an searmonaehadh an t-soisgeil--na mheadhon ulluchaiddh ehum suipeir an Tighearn' a echoimhead. 'Se faeal Dé an riaghait sheasmhach neo-mhearaehdaeli theagaig agus dhleasanais, a tha gabhail a steach na tha feumail dhuinn fhiosraeahadh agus a' dheanamh ehum ar n-uidheamaehadh gus an t-òrdugh so. a choimhead, Salm xix. 7—11; cxix; 2 Tim. iii. 16, 17.

84. Ciod am modh air am bu chòir na Sgriobturan a leughadh, chum is gu'n faigh sinn uatha na sochaircan is urraiuin iad a thoirt seachad?

F. Cha bu chòir iad a bhi mhàin air an leughadh, ach air am *meòraich* agus air am frithealadh leis na h-uile "dhìchioll, ulluchadh agus ùrnuigh"—bu chòir dhuinn an gabhlail d'ar n-ionnsuidh "le creid-eamh agus gràdh, agus an tasgadh ann ar cridh-cachan, agus an eur an gniomh 'nar caithe-beatha," Salm cxix; Deut. vi. 6—9; Gniomh. xvii. 11; Seum i. 21—25.

85. Co iad cuid do na nithe air am bu chòir dhuinn a blù *cnuasach* chum suipeir an Tighearn'a choimhead?

F. Bu chòir do ar enuasach bhi bitheanta, àmháil, agus cràbhach, agus na teagasgan so a ghabhail a stigh a tha'u t-ordugh gu thaisbeanadh,—gu sòn-raichte, ar staid thruagh agus chailte thaoblà nàduir, agus am modh slàinte tre chreidcamh ann an Criosc —mòr ghràdh agus thruacantas an t-Slànuighir, an eisempleir ionlan a chuir e romhainn, agus nàdur uainhasach fhulangais, agus am bàs a dh'fhuiling e air ar son—gràdh agus tràcair Dhé, a th'air an nochdadh ann an tiodhlaic a Mhic; a naomhachd agus a cheartas, a tha air an nochdadadh le thoirt suas do'n bhàis air ar son gu léir—agus gliocas neochriochnach, agus cliù gràsmhor Chùmhnaint nan gràs, a bha air a dhaingneachadh le bàs Chriosd, 1 Tim. iv. 15; Salm cxix. 97, 99, 148.

86. Am beil na Sgriobturan ag iarraidh oirnn sinn fèin a cheasnachadh roimh chomhpàirteachadh do Shuipeir an Tighearna?

F. Tha—"Ach ceasnaicheadh duinc e-fèin, agus mar sin itheadh e do'n aran so, agus òladh e do'n chupan so," 1 Cor. xi. 28.

87. Am beil fèin-cheasnachadh 'na dhleasanach nach

eil feuinail a' chleachdadhl ach a mhàin 'nuair a tha sinn a' dol a' chomhpàirteachadh do Shuipeir an Tighcarna?

F. Cha n-eil air chor sam bith—tha e 'nuair sin a mhàin gu *h-àraidh* air iarraidh—is dleasanas e bu chubhaidh dhuinn a' chleachdadhl *gach latha*; agus na'm 'biodh e mar so air a ghnàthachadh, bhiodh e na b' fhusadh agus ni bu shoirbhe air aobharan eile; ach ma tha'n dleasanas so gu tearc air a chleachdadhl, tha e'n sin ni's feumaire, mar a bhios e mar an ceudna ni's deacaire, 'nuair a tha gairni gu 'ghnàthachadh gu sònrrachite air iarraidh oirnn, 2 Cor. xiii. 5; 1 Cor. xi. 28, 29, 31; Salm xxvi. 1, 2; Eoin iii. 19—21.

88. Ciod a' chrioch bu chòir a bhi ann ar n-amhare 'nuair bhios sinn a' gnàthachadh féin-cheasnachadh?

F. Anns a' *cheud àite*, bu chòir dhuinn dìchioll a dheanamh air fhiosrachadh am beil sinn da rìreadh n-ar deisciobuil do Chriosd—agus anns *an dara h-àite* chionn is gn'm bu chòir do gach Crioduidh a bhi 'g iarraidh gu bhi foirfe, thigeadh e dhuinn a bhi 'g amhare, *cia cho fad'sa tha sinn "chean' air ruig-sinn"* san ni sin, agus cia cho fad 'sa tha sinn air dheireadh. Gun an t-eòlas so, feumaidh ar n-oidh-eirpcan gu dol air ar n' aghaidh a bhi fann agus gun fhcum, 2 Cor. xiiii. 5; Phil. iii. 12—16; 1 Tim. iv. 6; Mata v. 48.

89. Am beil e na nì dualach gu'm faod sinn sinn-féin a mhealladh do thaobh ar n-oidcis?

F. Tha—is aobhar eagail, gu'm beil iomadh a tha air an ceadachadh gu comhpàirtcachadh do shuipeir an Tighearna fathast coltach. ri Simon Magus, “ann an domblas na scírbhe, agus fo chruibhreach na h-eucorach;” agus is ann uaithe sin a thuirt ant-abstol, “Ceasnaichibh sibh féin, am beil sibh sa' chreidcamh; dearbhaibh sibh féin: nach aithne dhuibh sibh féin,

gu'm beil Iosa Criod annaibh, mur daoine chuir-eadh air chùl sibh," Gniomh. viii. 23; 2 Cor. xiii. 5.

90. Am beil dlcasanas an fhéin-cheasnachaidh, 'na dhleasanas a tha sònraichte deacair?

F. Tha e mar sin air iomadh dòigh—ach tha sin a' sruthadh o aobharan anns an deau an dlcasanas féin còmhnhadh leinn gu 'shoilleircachadh, agus gu 'ghiùlan air falbh; mar tha fionnaireachd ar gràidh, agus ro anmluijneachd ar crclidimh agus ar mcagh-bhlàths nàdurrach ann an cur dlcasanas a' chreidimh an gnìomh. Na'm biodh ar gràdh blàth agus tréibh dhireach, agus ar creideamh làdir, agus spioradalachd ar n' inntinnean suidhichte, bhiodh an dlcasanas soirbh do rċir sin, 1 Cor. ix. 26; Col. ii. 2; 1 Tes. i. 5; Eabh. vi. 11; x. 22.

91. Cia mar, ma ta, a ni sinu sinn-féin a cheasnachadh?

F. Bu chòir dhuinn air tùs còmhnhadh an Spioraid Naoimh iarraidh 'san ni so le achanaich agus le ùrnuigh; agus an sin tòiseachadh ri fiosrachadh fhaotainn co dhiùbh a tha sinn a' sealbhachadh coltais nam buadhan cliùiteach sin n-ar giùlan, a ta air an cur as leth dheisciobluibh Chriosd anns na Sgriobturan, Phil. iv. 6.

92. Am beil deisciobuil Chriosd a' scalbhachadh coltas bhuidhean cliùiteach giùlain, leis am beil iad air an aithneachadh o mhuinntir eile?

F. Tha—thugadh "deoch r'a h-òl *dhoibh* uile chum aoin Spioraid," 1 Cor. xii. 13; tha iad air an comharrachadh a mach mar "ghinealach taghta, sagartachd rioghail, cinneach naomha, sluagh sònraichte," 1 Pead. ii. 9.

93. Cia cuid do'n mhodh ghiùlain shònraichte sin?

F. Faodaidh iad a bhi gu léir air an tuigsinn ann an aon fhacal, 's e sin *gràdh*—*gràdh* do Dhia agus do dhaoine, Mat. xxii. 35—40; Rom. xiii. 10.

94. Cia mar a bhios fios againn gu'm beil sinn a' sealbhachadh giùlain sònraichte sin nan Criostuidhcan?

F. "Is ann air an toradh a dh'aithnicheas sibh iad," Mat. vii. 20. Co dhiùbh, mu'n urrainn sinn Dia no Criost a ghràdhachadh gu *ceart*, feumaidh sinn eòlas fhaotainn air; agus feumaidh an t-eòlas sin a bhi *sgriobtúrail*, air neo bithidh sinn a' gràdhachadh iodhalan do dhealbh ar mac-meanmna fein, Rom. i. 19—32.

95. Am beil còlas air Dia air a nochdadadh anns an Sgriobtur mar chomharradh air Criostuidhean?

F. Tha—tha e air a ràdh mu'n timchioll, gu'n do "chuir iad umpa an duinenuadh, a tha air ath-nuadhachadh ann an còlas, a réir iomhaidh an Ti a chruthaich e, Col. iii. 10; agus ghuidh Pòl as leth nan Colòsianach, chum is gu'm biodh iad "a' fàs ann an *eòlas Dé*," agus "air an lionadh le *eòlas a thoile*, 'san uile ghliocas agus thugse spioradail, Col. i. 9,10.

96. A thaobh gu'm beil na h-earranan so do'n Sgriobtur a' nochdadadh gur h-e dleasanas Chriostuidhean a "bhi fàs ann an eòlas an Tighearna agus ar Slànuighir Iosa Criost," 2 Pead. üi. 18, am beil iad a' toirt dhuinn dearbhadh leis an dcarbh sinn siun-féin?

F. Tha—ma tha sinn air ar faotainn "a' deanamh na h-uile dhìchioll chum cur r'ar creideamh deadh bheus; agus ri deadh bheus, eòlas," &c. 2 Pead. i. 5, bithidh e na fhianais ann ar fàbhar air dà sheòl—dearbhaidh e ar n-ùmhlaichd do'n àithne sgriobtúrail, agus nochdaidh e gu'm beil toil agus togradh ar n-inntinnean an tòir air Dia agus nithe diadhaidh.

97. Am bu chòir dhuinn a bhi feuchainn ri eòlas fhaotainn, cha'n ann a mhàin air nàdur agus iom-lanaehd Dhé, acli air 'oibre agus a' thoil, a reachd, agus gach ni a shuidllich e?

F. Bu chòir—agus gu sònraichte an uair a tha sinn a' cur romhainn suipcir an Tighearn a ghabhail, bu chòir dhuinn dìchioll a' dheanamh air beachd soillcir agus sgriobtuirail fhaotainn air a nàdur agus a' chrioch mu'm beil i air a snidheachadh. Tha e soillcir guin beil so iomchuidh chum a eoimhead gu h-eòlach agus gu tarbhach, 1 Eachd. xxviii. 9; Col. i. 9, 10; 1 Cor. xi. 28, 29.

98. Ciod e cui'd do *thoraidhean* gràidh do Dhia?

F. Ma tha ar gràdh do Dhia fior-ghlan, bheir e oirnn a bhi togairt 'na dhéigh, gàirdeachas a dheanamh annsan agus 'na shláinte, tlachd a ghabhail ann féin agus 'na naomh-reachd, pobull Dé a ghràdhachadh, agus àitheantan uile a choimhead, fuath a' thoirt do'n ole, agus am math a gliràdhachadh, agus eadhon ar nàimhdean a ghràdhachadh le gràdh diadhaidh agus truacanta, Salm lxxiii. 25; Salm v. 11; ix. 14; Salm xxxvii. 4; exix. 16, 35, 47, 72; Eoin xiii. 34; Eoin xv. 10, 14; xiv. 15, 21; Salm xcvi. 10; Amos v. 15; Mat. v. 44.

99. Am beil *creideamh* ann an Iosa Criosc air a nochdadadh anns an Sgriobtuir mar ehomharradh aithnichte air a-dheisciobuil?

F. Thà—"An tì a chreideas ann am Mac Dhé tha'n fhanuis aige ann féin." Nuair a tha creideamh fior-ghlan tha e glanadh a' chridhe, a' toirt a mach toraidh agus fhanuis air deadh oibre, agus a' lionadh na h-inntinn le aoibhneas spioradail, earbsa, agus sìth, 1 Eoin v. 10; Gniomh. xv. 9; Seumas ii. 14—26; Rom. xv. 13.

100. An e *aithreachas* aon do chomharraighean sònraichte a' Chriosduidh?

F. 'S e—agus an uair a tha e fior-ghlan, tha e sruthadh o shealladh air nàdur naomha Dhé, agus gu h-àraid o fhoillscachadh air "tròcair Dhé ann an Criosc," agus tha e comh-sheasamh ann an fior

mhothaehadh no làn-dhearbhadh air nàdur salach agus truaillidh a' pheacaidh, agus faireachduin air fèinn-iriosalaehd agus aithreachas do thaobh *sinn* a bhi air ar truailleadh leis. Tha e treòrachadh a chum gach peaeadh a thréigsinn, eadhon fior eholtas a' pheacaidh, agus a' chum toradh iomchluuidh an aithreachais a' thabhairt a mach, Isa. vi. 5; Iob xl. 4; xlii. 6; Sech. xii. 10; Lue. vii. 38, 42, 43; Gniomh. xxvi. 20; Rom. ii. 4; I Tes. v. 22; Ioel ii. 13; Esec. xvi. 62, 63.

101. Am beil na Criosduidhean air an noehdadhd anns na Sgriobturan mar a' tighinn beò gu naomha agus gu neo-lochdach "a' deanamh teagaisg Dhéar Slànuighir maiseach anns na h-uile nithibh," le "eogais neo-loehdaeh a bhi aca a thaobh Dhé agus a thaobh dhaoine?"

F. Tha—'s ann mar sin bu elhubhaidh do'n eliù a bhi, agus is ann mar sin bu chòir dhoibh a bhi do ghnàth, a' feuchainn ri iad féin a ghiùlan, Gniomh. xxiii. 1; xxiv. 16; Tit. ii. 10—14; 1 Pead. ii. 9.

102. Cia mar bu elhubhaidh do'n giùlan a bhi do thaobh na muinntir a tha chòmhnuidh mu'n tim-chioll?

F. Tha dh' fhiahan orra "an eoimhearsnaeh a ghràdhhaehadh mar iad féin"—agus ma ni iad mar sin, cha n-e mhàin gu'n seachainn iad doehann a dheanamh orra féin, no air an cuid, no air an deadh ehliù; ach ni iad gàirdeachas ann an eothrom a bhi ae' air "math a' dheanamh do na h-uile dhaoine, gu h-àraidh dhoibh-san a tha do theaghlaeh a' chreidimh," Gal. vi. 10; Mat. v. 43—48.

103. Am beil a bhi giùlan spiorad ùrnuigh 'na chomharradh air pobull Dé?

F. Tha—cha n-eil dleasanas san bith a's trice air iarraidh anns an sgriobtur na e—cha robh gnìomh sam-bith air a dheanamh cho tric le elann Dé ri dleas-

anas na h-ùrnuigh. Chuir Criod férn eisampleir maiseach roinchainn chum airc thoirt do'n dleasanais so, Luc. vi. 12; Rom. xii. 12; Col. iv. 2; 1 Pead. iv. 7.

104. Ani beil ar giùlan do thaoblh an dleasanais so na dheadh dhearbhadh leis ani feud sinn sinn-férn a dhearbhadh?

F. Thia—bu chòir dhuinn rannsachadh co dhiùbh tha ar dleasanas cràbhach air a chomharrachadh a mach leis a' bhithcantas, an dealas, an aithreachas, irioslachd, agus naomh mhuinighinn leis am bu chòir do'n dleasanais so a bhi air a ghnàthachadh, Salm xvii. 12; lxvi. 18; Col. iv. 2; Seumas v. 15; Rom. viii. 26.

105. Nach cil e na ni glè choltach 'nuair a choimeasas sinn sinn-férn ri ceud fhàs an nàduir Chriosdail mar tha c air a nochdadhdh ann am facial Dé, gu'm faigh sinn neo-choimhliontachd mhòr annainn férn?

F. Tha—ach thia'n neo-choimhliontachd so chum ar n' irioslachadh, ar dùsgadli suas a chum tuillc dìchill ann an obair an Tighearna, agus gu "dianruith dh'ionnsuidh a' chomharraiddh, chum duaise àrd-ghairme Dhé ann an Iosa Criod." 'Nuair a tha an staid inntinu so a' sruthadh o'r férn-rannsachadh —ni a thachras do glinàth, ma tha e air a' threòrachadh le spiorad ceart—feudar a' ghabhail mar chomharradh air math, Phil. iii. 13, 14.

106. Cia mar bu chòir do'r giùlan a bhi, ma gheibh sinn a mach nach eil dòchas ar slainte air a stéidheachadh air Criod, acli oirnn férn agus air ar deadh ghnìomharran, ar deadh rùintean, ar déirc-ean, no ar deas-ghnàth o'n leth a muigh; no ma tha ar dleasanas cràbhach fuar, agus tearc, agus tograighean nàdurraich ar n' inntinnean an déidh air-nithibh tìmeil, agus toil-inntinnean diamhain, buannaichd, agus urram an t-saoghal so?

F. Faodaidh sinn an sin a cho-dhùinadh gu'n tcag-amh, gu'm beil sinn fathast fad o Dhia agus o 'fhirecantachd—agus fhad sa blitheamaid 'gar mothachadh féin mar sin, bu chòir dhuinn fuireach air ar n- ais o chomhpà irtcachadh do Shuipeir an Tighearna,—agus bu chòir dhuim guidhe gu dùrachdach air son mathanais do'r peacanna, agus treòrachadh an Spioraid Naoimh iarraidh—bn chòir dhuinn air ball gabhail ri Criosd, agus creidsinn ann, agus carb's á fhuil a mhàin, air son ar deanamh taitncach ann am fianuis Dcé—agus an déigh dhuinn a bhi mar sin comasach air “Iosa Criosd an Tighearn a ghabhail do'r n' ionnsuidh” Ic irioslachd, aithreachas, agus aoibhlincas naomh, faodaidh sinn ar n-àiteachan-suidhe a ghabhail aig a bhòrd, 1 Cor. xi. 28, 29; 2 Cor. xiii. 5; Col. ii. 6.

107. Ciod bu chòir dhuinn a bhi deanamh am feadh a bhi os sinn 'n-ar suidhie aig bòrd an Tighearn?

F. Bu chòir dhuinn san àm sin oidhcirpeachadh air ar n-inntinnean a throm ùmlachadh leis an smuain gu'm beil sinn a nis ann an làthair an Dcé àird agus naoimh, fear-rannsachaídhl a' chridhe—bu chòir dliuinn “smaointeachadh le gràdh” air na firinnean mòra so a tha'n t-òrdugh gu thaisbeanadh, agus gu sònraichte air gràdh neo-chriochnach agus tròcair Dhé, mar tha e air a nochdadhl ann an tiodhlac a Mhic—agus air gràdh agus truacantas an t-Slànuighir, mar tha iad air an nochdadhl 'na bhàs agus 'na fhublangasan air ar sonne—agus air “gràdh an Spioraid,” mar tha e air a nochdadhl ann an cur ruinn sochlairean na saorsa—agus bu chòir dhuinn a mhothachadh cho ro neo-airidh 's a tha sinn air àite fhaighinn aig a' bhòrd, agus ar staid pheacach agus thruagh a thaobh nàduir a ghairm gu'r cuimhne, agus an-tromas nàduir nam peacanna liòn-mhor sin a tha fathast,

'g ar lcanmhuiinn—bu chòir dhuinn ar gabhail ri Criod aith-nuadhachadh mar ar n-aon 'Slanuighear a ta mhàin uil'-fhoghainteach, agus ar n-aonta chridhcil a thoirt do na sholair an cùmhnanta a sheulaiche le 'fhuil—bu chòir do ar cridhcachau a bhi séideadh suas le mothachadh taingealachd agus cliù air son gach tròcair agus beannachd a chaidh a chur air leth dhuinn—bu chòir dhuinn gearr ùrnuighean a cho-mhcasgadh maille ri ar beachd-smaointean, agus cha'n ann a mhàin air ar son féin, ach air son gach aoin bu mhath lcinn a bhi do'n aon inntinn ruinn féin—agus bu chòir dhuinn a mhothachadh a thaobh gu'n robh "mòran air a mhathadh dhuinn" gu'm bcil mar fhiachaibh oirnn cha n-e mhàin mathanas a thoirt do chìach ach "mòran a ghràdhachadh," agus Dia a ghlòrachadh le'r corp agus le'r spiorad, ni as leis féin, Rom. xv. 30; 1 Eoin iv. 9, 10, 11; Gnà. xxiii. 1; 1 Cor. v. 7, 8; 2 Cor. ix. 15; Eoin xv. 1—17; Luc. vii. 40—47.

108. Ciod na sochaircan no bluannachd ris an ion duinn sùil a bhi againn o thoradh sinn a choimhead Suipeir an Tighcarna?

F. Tha'n t-òrdugh air uidhcamachadh, m'a choimh-idear e gu h-iomchuidh, gu ar n-ùmhlachd agus ar n-aithreachas a mheudachadh, agus ar naomh-achadh agus spioradalachd ar n-inntinn, a chur air 'aghaidh—ar gràdh agus ar taingealachd do Dhia a bhllàthachadh agus a bheothachadh, agus ar deadh rùn d'a phobull uile,---ar tograidhean a mhosgladh suas a chum gu'm hiadh glòir agus cliù Dhé air a chur air feadli an t-saoghal—chum "ar creideamh, agus ar dearbh-bheachd air gràdh Dhé, ar sith cogais, agus ar n-aoibhneas anns an Spiorad Naomh" a neartachadh, agus a chur air aghaidh---ar n-aonachd ri Criod a dhaingneachadh---ar rhinteann a thar-ruinn o'n t-Saoghal so, agus an socrachadh air

nithe nèamhaidh, agus siorruidh, Eoin vi. 35, 50—58; Sec. xii. 10; 1 Cor. x. 16, 17; 2 Cor. iv. 18.

109. Am faod sinn ar n-earbsa a chur ann an coimhead an òrduigh o'n leth a muigh a mhàin, no ann an cumhachd no buaidh tha 'ga leanmhuinn, no ann an dreuchd an fhir a tha 'ga riarachadh, no anns na meadhonan ulluicht' a chleachidadh gu dìchiollach, no anns na nithe so gu léir, a chum nam beannachdan so a mhéaltainn ?

F. Cha'n fhaod : feumaidh sinn ar dòchas a chur gu h-iomlan ann am beannachadh Chriosd, agus cumhachd éifeachdach an Spioraid Naoimh, Mat. iii. 11 ; Eoin vi. 63.

110. Am bu chòir dhuinn sinn-féin a' cheasnachadh as ùr *an déigh* dhuinn a bhi aig bàrd an Tighearna, chum is gu'm fiosraicheamaid ciod a' bhuannaich sinn air son dol d'a ionnsuidh ?

F. Bu chòir dhuinn.

111. Cia mar bu chòir dhuinn sinn-féin a ghnàthachadh ma mhothaich sinn nach do bhuanachil sinn a bheag sam bith o fhrithealadh an òrduigh ?

F. Bu chòir dhuinn a' thuigsinn gu'm b'ann ann-ainn féin a bha aobhar na cùise sin: agus bu chòir dhuinn feuchainn ri fhiosrachadh co dhiùbh a thug sinn oilbheum, no thàinig sinn gearrann ar dleasanas; agus a bhi ùmhail agus aithreachail fo mhothachadh air ar peacaidh. Tha sinn aig an àm cheudua gu chuimhneachadh, nach eil Suipeir an Tighearna ach na h-aon *mheadhon* a mhàin gu foillseachadh fìriinn-can an t-Soisgeil, agus na h-aon *mheadhon* air scalbhachadh beannachdan na slàinte; agus a chionn gu'm beil *meadhonan* eile air an ulluchadh le Criod a chum na criche sin—mar tha scarmonachadh an t-Soisgeil, ùrnuigh, agus leughadh nan Sgriobturan, beachd-smuainteachadh agus còmhradh Criod duigh—bu chòir dhuinn iad sin a ghnàthachadh leis na h-uile

dhìchioll, chum agus gu'm bi ar fàs ann an gràs, agus ar triall ann am beatha dhiadhaidh a' dol ni's mò air aghaidh, Eoin xvii. 17; Salm civ. 34; cxix. 97, 99; 2 Tim. iii. 14—17; iv. 2; Gniomh. vi. 4; 2 Cor. vi. 7; Eph. vi. 10—18; Phil. i. 19; ii. 12—16.

112. Cia mar bu chòir do'r giùlan a bhi ma mhòthaich sinn gu'n do bhuanndach sinn comhlifhurtachd no eòlas o fhrithcaladh an t-suidheachaideh so?

F. Bu chòir dhuinn uile chliù agus onair sin a thoirt dhàsan o'n tig a nuas gach deadh thabhar-tas agus thiodhlac iomlan.—Bu chòir dhuinn ionnsuidh a thoirt air na tiodhlaicean agus air na gràsan so a bha air an dùsgadh agus air an gluasad annainn, àrach suas le bith-ùrnuigh agus cnuasachadh. Agus bu chòir dhuinn a bhi do ghnàth na'r n-earalas, le eagal, air uair sam bith gu'm biodh an drùghadh a rinn e air ar n-inntinnean air a mhilleadh, no air a chur air dì-chuimhn' le càram an t-saoghal, no buaireadh sam bith eile. Bu chòir dhuinn a bhi furachail mu'm bitheamaid a' saoilsinn "gu'n d'ràinig sinn cheana, no gu'm beil sinn eheana foirfe;" ach "a dìchuimhncachadh nam nithe a ta air ar cùl, agus 'g ar sìneadh féin chum nan nithe a ta romhainn," bu clòir dhuinn a bhi "a' dian ruith dh'ionnsuidh a' chomharraidh, chum duaise àrd-ghairme Dhé ann an Iosa Criosc," Seumas i. 17; Marc iv. 19; Phil. iii. 12—15.

113. Am beil suipeir an Tighcarna a choimhead, iomchuidh chum ar neartachaideh agus ar còmhnhadh gu cur an aghaidh a' bhuanndidh do'm beil sinn gach latha buailteach?

F. Tha—tha'n solus a th'air a chur air nàdur naomha Dhé, agus air olcas a' pheacaideh uil'-iomchuidh chum toirt oirnn gràin sheachanta thoirt do gach uile pheacadh, agus ar dùsgadh suas mar so gu sinn féin "a ghàlanadh o gach uile shalachar

feòla agus spioraid, a' coimhlionadh naomhachd ann an eagal Dé," 2 Cor. vii. 1; 1 Cor. x. 21; Ecsod. xxix. 37; Lebh. xi. 24.

114. Am beil a coimhead air a mhcas mar 'g ar deanamh comasach air àmhgharan agus deuchainn-can na beatha so a ghiùlan le foighidin agus neart inntinn?

F. Tha—ann an Suipeir an Tighearna tha an t-ciscompleir cliùiteach a dh' fhàgan Tighearn againn, do dh'ùmhlachd chiùin agus ùmhal do thoil Dé, agus do dh' fhéin-àicheadh ann am fulang air sgàth chàich, air a thoirt gu soilleir fa'r comhair; agus ma ghiùlain esan mar so "ar n-àmgharan agus ar bròn," nach bu mhò an irioslachd agus an fhoighidin lcis am bu chòir dhuinne cur suas le "àmgharan eutrom, nach mair ach ré scalain," lcis am faic Dia iomchuidh ar feuchainn?

115. Am beil suipcir an Tighcarua a choimhead comasach air toirt oirnn seasamh a mach an aghaidh nam buairidhean a ta 'g éridh o staid *shoirbheachaidh* 'san t-saoghal so?

F. Tha—tha'n t-òrdugh gu'n teagamh 'sam bith air a mhcas mar nì a bheir dhuinn scalladh ùmhal agus iriosal oirnn féin, agus a dhùisgeas suas ar smaointeán agus ar n-aigncadh a dh' ionnsuidh nithe nèamhaidh agus siorruidh; agus tha e mar sin làn fhrcagarrach a chum a thoirt oirnn sinn féin a ghleidheadh o bhuaigidhean saoibhrcis, agus "mealltaireachd bcartais," Mat. xii. 22.

116. Am beil ar compàirteachadh do shuipcir an Tighearna 'g ar cur fo fhiachan sònraichte sam bith?

F. Tha: bha ar saor-chòir mòr—bha sinn air ar "n-ardachadh gu nèamh" anns an dòigh ud—agus a chionn, "ge b'e neach d'an tugadh mòran, gu'n iarrar mòran uaithé," tha na fiachan fo'm beil sinn uimc sin chum seirbhis a thoirt do Dhia, mòr: agus sin, ged nach 'rachamaid idir fo aidmheil a chom-

anachaidh. Le suidhe sìos aig bòrd an Tighcarna, tha sinn gu follaiseach, ag aideachadh a bhi 'n-ar cairdean, 'n-ar luchd-lcanmhuiinn, agus 'n-ar deisciobnil do Iosa—gur e ar maighistir—agus gur ann dàsan a mhàin a ta a dh' fhiachan oirnn seirbhis a dheanamh—tha sinn ag aidcàchadh gu'n do “cheannaichcadh le luach sinn,” agus uime sin tha e mar fhiachan oirnn “glòir a thoirt o Dhia le ar corp, agus le ar spiorad, a's le Dia,” Luc. xii. 48; I Cor. vi. 20.

117. Ciod an drùghadh gnàthaichte bu chòir do na h-aidmheilcan agus do na fiachan fo 'n do chuir ar comhpaireteachadh do shùipeir an Tighcarna sinn, a dhcanainh air ar caithe-beatha agus air ar giùlan anns a' chuid a ta romhainn do'r beatha?

F. Ma bha na h-aidmheilean agus na fiachan so air am mothachadh gu ccàrt, agus air an toirt gu buil, bheir iad oirnn, trè ghràs Dé, faire chur air ar n-inntinnsean,—blàths dealasach a mhùdachadh ann ar n-uile dhleasanasan agus chlachdaidhean cràbhach, agus am barrachd speis agus tairisneachd a' nochdadadh do gach aon a ta an dàimh ruinn, ma's ann an inbheàrd, no iosal, no an coimcas inbhc; no dhoibh-sàn ris am beil sinn air ar n-aonadh le ccànglaichean àduir, càirdcis, no gràis,—freòr-aichidh iad sinn gu “gach mi-dhiadhachd agus ana-miann saoghalta àichcadh, agus ar beatha a chaitheamh gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhaidh anns an t-saoghal so làthair, air dhuinn sìil a bhi againn ris an dòchas bhcannaichte sin, eadhon foillscachadh glòirc an Dé mhòir, agus ar Slànuighit Iosa Criod; a thug e-féin air ar son, chum gu'n saoradh e sinn o gach aingidheachd, agus gu'n glanadh e dha féin sluagh sònraichte, eùdmhor mu dheadh oibríbh,” Titus ii. 12, 13, 14.



LATELY PUBLISHED, Price THREEPENCE,
CARAID A' PHEACAICH.
(*The Sinner's Friend, in Gaelic.*)

PUBLISHED BY G. GALLIE, GLASGOW:
OLIVER & BOYD, EDINBURGH: A. GARDNER, PAISLEY:
JOHN HISLOP, GREENOCK: A. M'EWAN, CAMPBELTON:
D. M'DONALD, CRIEFF.

Just Published, (*Eighth Thousand*) Price One Penny,
A CATECHISM
ON THE
LORD'S SUPPER,
FOR THE USE OF YOUNG COMMUNICANTS, AND THE MORE
ADVANCED CLASSES OF SABBATH SCHOOLS.
BY A SABBATH SCHOOL TEACHER.

OPINIONS OF THE PRESS.

"We have examined this Catechism with some care. It seems to us to contain clear and scriptural views of Divine truth on the important subject of which it treats; and to be well fitted to guard inquirers against prevailing errors, and to prepare young communicants for the due and profitable participation of the Lord's Supper."—*Scottish Guardian*.

"A brief and comprehensive view of the doctrines and duties connected with the ordinance of the Supper. It is sound in doctrine, simple in expression, and REMARKABLY CHEAP in price."—*Christian Journal*.

"The Catechism of the Sabbath school Teacher is a brief and cheap work, composed by one who appears to have had some experience in the labours of tuition."—*Free Church Magazine*.

"Sound in doctrine, and generally simple and concise in its statements and explanations."—*United Secession Magazine*.

PAISLEY, ALEX. GARDNER:

EDINBURGH, J. JOHNSTONE, AND OLIVER & BOYD—GLASGOW,
M. OGLE & SON, W. COLLINS, D. BRYCE, and G. GALLIE—
LONDON, HOULSTON & STONEMAN.